

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Teis-meadhan na h-Alba

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,220. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 916 corresponds to Litir 1,220. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi o chionn ghoirid ann an trì àiteachan – anns an aon latha – aig a bheil rudeigin iongantach anns a' chumantas eatarra. 'S iad trì àiteachan a thathar a' cumail a-mach a tha a' comharrachadh teis-meadhan na h-Alba. Tha mi a' ciallachadh le sin 'The Geographical Centre of Scotland'. Ciamar as urrainn trì àiteachan eadar-dhealaichte a bhith air an comharrachadh mar mheadhan cruinn-eòlach na h-Alba? Agus càit a bheil iad?

Thòisich mo thuras air Gàidhealtachd Siorrachd Pheairt. Bha mi a' siubhal gu tuath ann an carbad. B' e a' chiad àite a ràinig mi a tha – math dh'fhaodte – ann an teis-meadhan na h-Alba, beinn air a bheil Dùn Coilich.

Nise, chan eil Dùn Coilich ro àrd. Ach tha e faisg air beinn a tha fìor àrd agus ainmeil. 'S e sin Sìth Chailleann – agus bidh cuid a' cumail a-mach gu bheil Sìth Chailleann fhèin a' comharrachadh teis-meadhan na h-Alba. Ach, a rèir tomhais, tha an làrach air cliathaich Dhùn Coilich.

Ciamar a thathar a' tomhas teis-meadhan na h-Alba? 'S e aon dòigh an *centre of gravity method*. Nam biodh tìr-mòr na h-Alba air a chruthachadh ann an cairt-bhòrd, 's e sin an t-àite far an cuireadh tu prìne agus sheasadh an dùthaich gun a bhith a' tuiteam taobh seach taobh. Le bhith ga thomhas mar sin, 's e Dùn Coilich teis-meadhan na h-Alba.

An do mhothaich sibh gun tuirt mi 'tìr-mòr na h-Alba'? Tha fhios gu bheil feadhainn agaibh a' fuireach air eileanan! Nuair a bheir sinn na h-eileanan a-steach, tha teis-meadhan na dùthcha ann an àite eadar-dhealaichte. A rèir choltais, tha e ann an Athall, faisg air rathad mòr an A9. Agus chaidh mi seachad air sin anns a' chàr mu leth-uair a thìde an dèidh Dhùn Coilich.

Ach bha aon àite eile a' feitheamh rium, far a bheil teis-meadhan na h-Alba, **mas fhìor**. Tha e faisg air Bail' Ùr an t-Slèibh ann an Gleann Truim. Aig aon àm, bha an t-Suirbhìdh Òrdanais ag ràdh gum b' e seo meadhan na dùthcha. Shnaigh iad crois ann an clach ann an gàrradh ri taobh an rathaid. Tha i ann fhathast. Chuir iad plaig an-àirde cuideachd, barrachd air aon turas. Ach bha na plaigean air an goid. Mar sin, sguir iad bho bhith a' cur plaigean ùra an-àirde.

Ge-tà, bha muinntir Bhàideanach airson 's gum biodh an t-àite air a chomharrachadh gu h-oifigeil. Ann an dà mhìle 's a còig-deug (2015), chaidh clach

mhòr a chur ann ri taobh an rathaid. Tha plaig oirre a tha ag innse dhuinn gur e sin teis-meadhan na h-Alba.

Dè ur beachd fhèin? Cò am measg nan trì àiteachan a tha ann an teis-meadhan na h-Alba? Ciamar as urrainn tomhas a dhèanamh air dùthaich eileanach gun a bhith a' gabhail a-steach nan eilean? Agus, co-dhiù, a bheil an t-Eilean Sgitheanach a-nise mar phàirt de tìr-mòr leis gu bheil drochaid ga cheangal ri tìr-mòr?

Agus bidh Alba ag atharrachadh fad na h-ùine. Bidh pìosan de na cladaichean againn **a' dol am meud**. Bidh feadhainn eile **a' dol an lughad**. Sin mar a tha. Aig a' cheann thall, a bheil e gu diofar dè an t-àite a th' ann an teis-meadhan na dùthcha?

* * * * *

Faclan na Litreach: Gàidhealtachd Siorrachd Pheairt: *Highland Perthshire*; math dh'fhaodte: *perhaps*; Sìth Chailleann: *Schiehallion*; a' tomhas: *measuring, assessing*; tìr-mòr: *mainland*; Athall: *Atholl*; Bail' Ùr an t-Slèibh: *Newtonmore*; Gleann Truim: *Glen Truim*; an t-Suirbhìdh Òrdanais: *The Ordnance Survey*; drochaid: *bridge*.

Abairtean na Litreach: anns an aon latha: *in the same day*; aig a bheil rudeigin iongantach anns a' chumantas eatarra: *which have something unusual in common between them*; a thathar a' cumail a-mach a tha a' comharrachadh teis-meadhan na h-Alba: *which is reckoned to mark the exact centre of Scotland*; a' siubhal gu tuath ann an carbad: *travelling northwards in a vehicle*; beinn a tha fìor àrd agus ainmeil: *a mountain which is very high and famous*; an t-àite far an cuireadh tu prìne agus sheasadh an dùthaich gun a bhith a' tuiteam taobh seach taobh: *the place where you would put a pin and the country would sit [there] without falling on either side*; shnaigh iad crois: *they carved a cross*; clach ann an gàrradh ri taobh an rathaid: *a stone in a stone wall next to the road*; sguir iad bho bhith a' cur plaigean ùra an-àirde: *they stopped putting up new plaques*; ciamar as urrainn tomhas a dhèanamh air dùthaich eileanach gun a bhith a' gabhail a-steach nan eilean?: *how can one measure a country which contains (has many) islands without including the islands?*; bidh Alba ag atharrachadh fad na h-ùine: *Scotland is changing all the time*; sin mar a tha: *that's how it is*; aig a' cheann thall: *in the final analysis*; a bheil e gu diofar dè an t-àite a th' ann an teis-meadhan na dùthcha?: *does it matter what place is in the very centre of Scotland?*

Puing-chànain na Litreach: Bidh pìosan de na cladaichean againn **a' dol am meud**. Bidh feadhainn eile **a' dol an lughad**: *parts of our shoreline are expanding/increasing in size. Others are diminishing in size. These two expressions are really worth using and remembering. They can refer to more than geography.* Tha a' Ghàidhlig air a bhith a' dol an lughad ro fhada, ach tha sinn an dòchas gun tèid i am meud anns an ùine romhainn 'Gaelic has been diminishing for too long, but we hope she will increase in the future'. Note the use of the verb rach 'go'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: far a bheil teis-meadhan na h-Alba, **mas fhìor**: *where the centre of Scotland is [to be found], allegedly.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA